

MG ALBA

Aithisg Bhliadhnaill &
Aithris nan Cunntasan

Annual Report & Statement of Accounts

14-15



Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD


22 Ògmhios 2015

Dame Patricia Hodgson DBE
Cathraiche
Ofcom
Taigh Riverside
2A Rathad Southwark Bridge
LUNNAINN
SE1 9HA

A Bh-uas Hodgson

Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2015.



Magaidh Choineagan
CATHRAICHE



Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD

22 June 2015

Dame Patricia Hodgson DBE
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Ms Hodgson

Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2015.



Maggie Cunningham
CHAIRPERSON

Clàr-inse/

Contents


04	Lèirsinn Vision
05	Rùn Mission
06	Teachdaireachd a' Chathraiche Chairperson's message
10	Leirmheas an Ard-Oifigeir Chief Executive's review
18	Leirmheas air gniomhan & gnothaichean Activities & business review
24	Amasan & toraidhean 2014/15 Objectives & outcomes 2014 15
26	Leirmheas air a' bhliadhna: BBC ALBA agus meadhanan Gàidhlig eile A review of the year: BBC ALBA and other Gaelic media content
42	Leirmheas air leasachadh Development review
48	Aithris riaghlaidh Governance statement
55	Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2015 Accounts for the year ended 31 March 2015
74	Tuilleadh fiosrachaidh Additional information
76	Luchd-obrach Staff
78	Buill a' Bhàird Board Members
80	Comhairlichean & fios thugainn Advisors & contact details

Lèirsinn

Vision

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail,
ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde.

That Gaelic media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards



1. Ball-coise air BBC ALBA/Football on BBC ALBA (MNE TV)

2. Bannan (Young Films)

3. Buannaiche: Tachartas na Blàdhna, Duaisean na Trads MG ALBA 2014 /
Winner: Event of the Year, MG ALBA Scots Trad Music Awards 2014

R Ù H

Mission

Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus tro na Meadhanan

Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and Media

A' toirt Gàidhlig thugaibh

Bringing Gaelic to you

5



4. Dè a-nis? (BBC Gàidhlig)
5. Rugbaidh air BBC ALBA/Rugby on BBC ALBA (MNE TV)





Teachdaireachd a' Chathraiche

Chairperson's message

Maggie Chonéage.

Aig cridhe rùn MG ALBA tha miann stuthan luachmhor a chruthachadh airson ar luchd-cleachdaidh agus abair gu bheil mi pròiseil a' coimhead air ais air na chaidh a choileanadh le MG ALBA agus BBC ALBA anns a' bhliadhna a chaidh seachad – bliadhna ainmeil agus bliadhna abha air leth soirbheachail. Mar a chaidh a dhearbhadh tro choileanaidhean leantainneach na seanail, FilmG agus LearnGaelic.net - gach fear dhiubh air a libhrigeadh le taic phrìseil bho cho-bhanntachdan le buidhnean eile – tha e comasach do na h-ùrlaran seo fior bhuanachdan a chruthachadh dhaibhsan a bhios gan cleachdadh agus a bhios a' faighinn toileachas asta.

Seachd bliadhna bho chaidh a' chiad prògram a chraoladh, tha rannsachadh a' sealtainn gu bheil na Gàidheil gu sònraichte dileas dha-rìribh do BhBC ALBA, is a' faighinn mòr thoileachas às na prògraman againn.

Tha sinn cuideachd moiteil dha-rìribh mun àite a th' aig MG ALBA ann a bhith a' brosnachadh chùisean

eaconamach san roinn chruthachail a tha a' sìor fhàs ann an Alba, a' tort comas do na companaidhean riochdachaidh dùthchasach a bhith soirbheachail.

Mar a tha fios aig mòran a-nis, tha àireamh an luchd-amhairc fada air thoiseach air na th' ann de luchd-labhairt na Gàidhlig agus tha sinn flor thoilichte gu bheil àireamhan an luchd-amhairc a' leantainn orra aig ìre glè làidir. Tha amannan ann ge-tà, mar a shùilichear, nuair a tha buaidh aig tachartasan sònraichte air telebhisean, leithid Cupa na Cruinne, air ruigse na seanail, ach a thuilleadh air an sin tha an earrainn againne den luchd-amhairc nàiseanta tòrr nas àirde na bhithear a' sùileachadh agus thathas cuideachd air àrdachadh fhaicinn ann an seallaidhean air-iarrtas.

Mar sin, tha mi am beachd gu bheil sinn a' foillseachadh àireamhan a tha an dà chuid fallain agus misneachail.

Rinn sinn conaltradh poblach nas tràithe air a' bhliadhna le coinneamhan sna bailtean

mòra agus bho Leòdhas gu Tiriodh, le ceisteachan ri faighinn air-loidhne. Bhon sin, tha sinn air fhoghlam gu bheil daoine air leth toilichte leis an t-seirbheis, ged a dh'fhaodadh piseach tighinn an siud is an seo. Tha sinn a' tuigsinn nach eil daoine ro thoilichte gu bheil sinn ag ath-chraoladh phrògraman cho tric, is tha sinn daonnan an-sàs ann a bhith a' sireadh dhòighean ùra air maoin fhaighinn agus a bhith ag obair ann an com-pàrteachas airson leasachadh a thoirt air an t-suidheachadh sin.

Feumaidh MG ALBA cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman a' riochdachadh na misneachd agus a' bheaireis a tha ann an cultar na Gàidhlig. B' e aon teachdaireachd a thàinig às a' chonaltradh phoblach gum bu chòir dhùinn cus a bharrachd a thogail às ar cultar fhèin, far a bheil beairteas nach eil gann, is sin a libhrigeadh le dreach an latha an-diugh an àite a bhith ro dhluòh ri modhan craolaidh a' mhòr-chànan.

Tha sinne mar Bhòrd a' leantainn oirnn

At the heart of MG ALBA's mission is a desire to create rich and valuable content for our users and it's with pride that I look back at what MG ALBA and BBC ALBA have achieved in the last twelve months – a memorable year and also one of success. As demonstrated through the ongoing accomplishments of the channel, FilmG and LearnGaelic.net – all of which are aided by valued partnerships with other organisations – these platforms can create real benefits for all who access and enjoy them.

Seven years on from first transmission, research shows that users of Gaelic are particularly loyal to BBC ALBA and continue to value and gain enjoyment from our programming.

We also take great pride in the role that MG ALBA plays in stimulating economic activity within the burgeoning creative sector in Scotland, enabling indigenous

production companies to thrive.

It is common knowledge that BBC ALBA continues to attract many more viewers than there are speakers of Gaelic and we are delighted our audience figures remain very strong. There are, of course, occasions when the channel's reach is affected by major television events such as the World Cup but otherwise our share of national audience significantly exceeds expectation and we have also witnessed a rise in on-demand viewing.

As such, I consider that we are publishing figures that are both healthy and encouraging.

We carried out a public consultation earlier this year, with meetings being held in the cities and from Lewis to Tiree, with a questionnaire available online. The feedback received shows that our audience is pleased with the service

although it could be enhanced in places. We understand that the frequent repeat pattern is challenging for viewers and we are continually striving to seek new ways of acquiring funding and of working in partnership with others to address this problem.

MG ALBA must also ensure that its programming reflects the great confidence and wealth of Gaelic culture. One message that came through in our public consultation was that we should build more on the immense capital that our own culture has to offer in plenty, and deliver that in a contemporary way rather than be too tied to majority language broadcasting practice.

As a Board, we continue to encourage the utmost care to Gaelic content in each and every programme. We are at one with the audience on this subject and we expect to see significant progress in the

a' toirt dlùth aire gu bheil prìomhachas air a thoirt dhan Ghàidhlig anns gach prògram. Tha sinn air an aon ràmh ris an luchd-amhairc air a' chuspair seo agus tha sinn an dòchas gu faic sinn piseach mòr air an t-suidheachadh sin anns a' bhliadhna a tha romhainn. Tha e riatanach gu bheil na riochdairean a' faighinn an taic a tha a dhìth orra airson a bhith mothachail air cho cudromach is a tha e an t-urram air a bheil i airidh a thoirt dhan chànan – 's e sin fior bhunait ar stèidh.

Tha ceist nam fo-thiotalan air a bhith na dùbhlann cuideachd, is cumar a' sireadh fhuasglaidhean airson seo mar a tha an teicneòlas ga leasachadh. Tha cleachdadhan fo-thiotalan na phàirt de ro-innleachd in-ghabhalach MG ALBA gus farsaingeachd de luchd-amhairc a thàladh airson na Gàidhlig a chur fan comhair agus gus an taic a shireadh airson na seanail. Tha sinn a' cumail oirnn a' sgrùdadh ire cleachdaidh fo-thiotalan agus tha mi den bheachd gun cuidicheadh e a' chùis nam bithte a' gabhail a h-uile cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadhan.

8

year to come. It is essential for producers to be afforded all the support they need to show our language the respect to which it is entitled – that is the foundation of our very being.

The topic of subtitles has also been a challenge and a range of options will continue to be sought as technology develops. The use of subtitles is part of MG ALBA's strategy of inclusivity to attract a wide audience in order to introduce them to Gaelic and encourage their support for the channel. We keep the extent of subtitles under review and I believe that the use of Gaelic at every opportunity will help address the issue.

Our daily news service continues to be very well received and this was seen last year with coverage of the Referendum, and again in 2015 with coverage of the General Election. Combining local, national and international issues, Eòrpa

Tha meas mòr air ar seirbheis naidheachd làitheil, is bha seo glè fhollaiseach an-uiridh tron Referendum agus ann an 2015 aig àm an Taghaidh Nàiseanta. Le bhith a' sniomh chuspairean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta ri chèile, tha Eòrpa fhathast na tharraing mhòr do luchd-amhairc na Gàidhlig agus na Beurla. Tha ar co-bhanntachd leis a' BhBC a' toirt fior thoradh dhuinn le bhith a' toirt cothrom dhuinn air tachartasan leithid Geamaichean a' Chofhlaiteis. Bha e air leth tlachdmhor a bhith a' taisbeanadh ar rionnag spòrs fhèin Kerry Nic a' Phi à Cille Pheadair.

A rèir ar rannsachaiddh, fhuair daoine mòr tlachd às na ciad phrògraman deuchainn de Bannan, is abair gu bheil sinn toilichte gu bheil an cothrom againn cur ris an t-sreath sin am-bliadhna a-rithist. Chan eil teagamh nach eil dràma cudromach dhuinn mar sgàthan air ar beatha làitheil is mar chur-seachad. Tha e cosgail an taca ri prògraman eile, is mar sin tha e glè chudromach gun cùm sinne mar Bhòrd a' cothachadh gus tuilleadh ghoireasan fhaighinn airson a chumail a' dol. Tha

sinn cuideachd mothachail gu bheil feum againn air a' ghnè chomadaidh a leasachadh agus prògraman a tha a' toirt guth sònraichte dhan öigridh.

'S e prìomh adhbhar na seanail gu faigh Gàidheil an aon chothrom telebhisean a choimhead nan cànan fhèin is a gheibh an còrr dhan t-sluagh. Chan eil sin a' ciallachadh ge-tà nach eil iomadach mathas eile a' tighinn na chois. Tha an t-seanail air mòran dhreuchdan a chruthachadh thar nam bliadhnaichean, is thae na thlachd mhòr fhaicinn gu bheil a-nis barrachd obraichean sa ghnìomhachas dhan cruthachadh air a' Ghàidhealtachd. 'S e dreuchdan cudromach a tha seo ann a bhith a' cumail choimhairsnachdan fallain agus a bhith a' toirt piseach air sgilean teicneòlaids a tha cho bunaiteach nar latha.

Chan eil teagamh cuideachd nach eil MG ALBA am measg nam buidhnean cho fiosraichte is cho eòlach 's a th' ann an Alba air obair craolaidh ged a tha sinn fhathast a' cumail oirnn a' strì gus tuilleadh leasachadh agus piseach a dhèanamh.

programming that gives a voice to young people.

The channel's primary aim is to allow users of Gaelic the same opportunity that the rest of the country has to watch television in their language of choice. That in turn brings with it many other opportunities. The channel has resulted in many jobs being created throughout the years and it is immensely pleasing to witness more jobs created in the industry in the Gàidhealtachd. These jobs are an important factor in keeping communities strong and allowing technological skills to be developed, a vital element in today's industry.

There is also no doubt that MG ALBA is one of the most knowledgeable and experienced media organisations in Scotland, although we still strive to develop and improve. We are growing our training and skills base and it is

Tha sinn a' cur gu mòr ri trèanadh is ri sgilean, is mar sin tha e bunaiteach gun tèid ar guth a chluinntinn agus ar n-eòlas aithneachadh is a shireadh am measg conaltradh sam bith mu chraobhsaoileadh air feadh na dùthcha.

Tha lomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HIE) am-bliadhna air leigeil fhaicinn gu bheil iad a' cur taic ri duais ùr ann am farpais FilmG an ath bhliadhna gus tèlant ùr a bhosnachadh. 'S e leasachadh dhà-rìribh a tha seo is tha sinn glè thaingeil gu bheil cothroman ùra a' nochdad airson sgilean an òigridh a leasachadh. 'S e am feart as mothà a tha an lùib FilmG, cho ealanta 's a tha e air dealbhan beaga a shniomh ri chèile le snas, is feumar a-nis togail air fialaidheachd HIE ann a bhith a' cruthachadh thuilleadh cothroman airson nan sgilean sin a leasachadh.

Tha sinn air mòran a choileanadh ach tha obair chruaidh romhainn fhathast. Bidh Riaghaltas na h-Alba is Riaghaltas na RA le chèile a' coimhead ris an dòigh anns an tèid an airgead a chosg agus

feumaidh sinne dearbhadh gu bheil an cuibhreann a fhuair sinne air a bhith air a chosg ann an dòigh chothromach agus air mòran a choileanadh, chan ann a-mhàin a thaobh ar seirbheis ach gu bheil e cuideachd air a bhith a chùm buannachd an eaconamaidh. A thuilleadh air an seo, tha Cairt Rìoghail a' BhBC ga h-ùrachadh ann an 2017. Tha e a dhìth oirnn gun toir An Riaghaltas agus àrd cheannardan a' BhBC fainear cho cudromach is a tha an t-seirbheis againn agus gun tèid goireasan is teàrainteachd a bhualeachadh oirnn a rèir sin. Anail a' Ghàidheil am mullach, a rèir an t-seanfhacail. Tha sinn fada bhon mhullach fhathast is dùblain gu leòr air an t-slighe.

Cha ghabhadh creidsinn nuair a thòisich BBC ALBA gum biodh i cho soirbheachail. Tha sinne mar Bhòrd MG ALBA fada an comain luchd-obrach na buidhne agus gach companaidh neo-eisimeileach a tha a' cruthachadh is a' riochdachadh nam prògraman. Chan eil teagamh sam bith nach eil co-bhanntachd ris a' BhBC a' toirt dhuinn cothroman nach fhaigheadh sinn ann an àite sam bith elle. Tha sinn air leth

essential that our voice is heard and that we are acknowledged and included in any discussion regarding countrywide broadcasting matters.

Highlands and Islands Enterprise (HIE) have also announced that from next year they will sponsor a prize at the FilmG competition, encouraging new talent. This is a great development and we are very thankful that opportunities arise to develop young people's skills. FilmG's greatest attribute is that it produces accomplished short films and we must build on HIE's generosity in creating opportunities to develop those skills.

We have accomplished a lot but the hard work continues. Both the Scottish and UK Governments will be looking to where their money will be spent and we have to demonstrate that the portion allocated to us has been spent wisely and has achieved a lot of good, not only

fortanach gu bheil taic mhòr air tighinn bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA chun seo, is tha e glè chudromach gun cùm sinn an dàmh is an càirdeas sin ge bith cò a bhitheas a' riaghlaigh. Tha sinn cuideachd taingeil do dh'Alba Chruthachail son a bhith a' gabhal seilbh san t-sreach dràma Ghàidhlig againn.

Chuir sinn fàilte air dithis bhall ùra am-bliadhna, Catriona Nic a' Phì agus Donaidh MacAmhlaidh is tha iad mu thràth air cur gu mòr ri eòlas is breithneachadh a' Bhùird. Bidh Iain Caimbeul, a tha a-nis na cheannard air Bòrd na Gàidhlig, a' leigeil dheth a bhallrachd aig deireadh an Ògmhios agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dha anns an dreuchd ùr.

Tha am Bòrd gu math soilleir mu phrìomh dhleastanas – 's e sin a bhith a chùm luach is buannachd luchd-amhairc na Gàidhlig agus na Gàidhlig fhèin agus nì sinn ar n-uile dhìcheall sin a choileanadh.

Magaidh Choineagan | Cathraiche

in terms of our service but that it has also been beneficial to the economy. Also, the current BBC Charter expires in 2017 and renewal negotiations are under way. We need the Government and the senior management of the BBC to give consideration to the importance of our service and that resources and security of funding are provided accordingly. As the Gaelic proverb says, the Gael's rest is the summit. We are still some way away from that summit, with many challenges along the way.

The level of success of BBC ALBA could not have been envisaged. The MG ALBA Board are indebted to the staff and each and every independent company that creates and produces the programmes. There is no doubt that our partnership with the BBC gives us opportunities that we couldn't get anywhere else. We are extremely fortunate that great support has come thus far from both the Scottish and

UK Governments and it is very important that that relationship is sustained, regardless of which parties are in office. We also thank Creative Scotland for investing in our Gaelic drama series.

We welcomed two new members this year – Catriona MacPhee and Bonnie Macaulay – whose expertise has already added to the Board's knowledge and deliberations. Iain Campbell, the new CEO of Bòrd na Gàidhlig, will relinquish his membership at the end of June and we wish him well in his new post.


The Board is very clear on its main responsibility - to be of value and of benefit to the Gaelic audience and to the Gaelic language - and we will give our every effort to fulfil that.

Maggie Cunningham | Chairperson



Lèirmheas an Ard-Oifigeir

Chief Executive's review

A handwritten signature in black ink, appearing to read "Jim Naismith". It is written in a cursive, flowing style.

'S e fear de ar prìomh gheallaidhean poblach gu bheil "MG ALBA a' toirt prìomhachas don luchd-amhairc" agus tha mi toilichte innse gu robh a' bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2015 aithnichte airson iреan àrda de dh'iartras agus còrdadh airson susbaint ar meadhanan Gàidhlig. Thàinig adhartas ann an làthaireachd air-iarrrais agus anns na meadhanan sòisealta an cois deagh dhèanadas na seanail. Thathas a' coimhead ri seo mar thoiseach tòiseachaich agus chuir sinn seachad tòrr den bhliadhna ag obair le compàirtichean agus luchd-ùidhe gus faicinn dè tha fhathast ri choileanadh agus na ceumannan a dh'fheumar a ghabhail gus sin a dhèanamh. Tha soirbheas BBC ALBA agus dìlseachd leantainneach an luchd-amhairc nam bun-stèidh airson fàs agus tha a bhith a' cumail seo ha phriomhachas sa bhliadhna ri teachd.

Bha suidheachadh craolaidh na

h-Alba fo dheasbad a' ruith suas chun Referendum air Neo-eisimeileachd. An dèidh an Referendum, chunnaic sinn aithne air riaghlaigh craoladh Gàidhlig an lùib mholaidhean Choimisean Mhic a' Ghobhainn, far an deach a mholadh na cumhachdan a thaobh ballrachd MG ALBA a bhuileachadh air Ministearan na h-Alba. San dàrna leth den bhliadhna, rinn Comataidh Eaconamaidh, Lùths agus Turasachd aig Pàrlamaid na h-Alba rannsachadh air buaidh eaconamach nan gniomhachasan cruthachail. Bha an aithisg gu soilleir a' nochdadh dhraghan mu dhìth ro-innleachd gus a bhith a' cur taic agus a bhith a' fàs an roinn tbh ann an Alba. Tha MG ALBA a' gabhail orra fhèin a bhith a' stiùireadh na cùis seo agus thathas den bheachd gu bheil craoladh Gàidhlig na neart, chan ann a-mhàin airson na Gàidhlig, ach na phriomh bhrosnachadh gus fàs a thoirt air entrepreneurship nam meadhanan san roinn chruthachail ann an Alba.

Le riaghaltas ùr ann an Westminster agus aire a' tionndadh gu Cairt Rìoghail a' BhBC a dh'fheumas ùrachadh ro thoiseach 2017, feumaidh argamaid làidir a bhith air a dèanamh airson taic agus fàs craoladh Gàidhlig fhaighinn ann an geallaidean na Cairt ùire agus ann an geallaidean an Riaghaltas. Chuir sinn ris an iomairt seo tron bhliadhna, le am measg eile tachartas aig 11 Sràid Downing far an do chuir sinn an cèill ar miann glèidheadh agus cur ri soirbheas BBC ALBA le luchd-amhairc agus cuideachd cumail agus fàs a thoirt air earrainn solarachaidh a tha seasmhach, eadar-dhealaichte agus eadar-nàiseanta le na buannachdan eaconamach a thig an cois sin.

Leis na h-obraighean aig Rathad Shiphoint ann an Steòrnabhagh a' tighinn gu crìch, ghabh sinn ceum eachdraidheil nuair a chuir sinn fàilte air a' BhBC agus riochdairean neo-eisimeileach gu àrainn

One of our key public commitments is that "MG ALBA puts the audience first" and I am pleased to report that the year ending 31 March 2015 was characterised by high levels of demand and appreciation for our Gaelic media content. Good channel performance was accompanied by progress in on-demand and social media presence. We see this as a start and we spent much of the year working with partners and stakeholders assessing how much is still to be achieved and what steps need to be taken to do that. The success of BBC ALBA and the continued loyalty of the audience offer a strong basis for growth and securing this is a key priority for the coming year.

In the run up to the Independence Referendum there was much debate about the future of broadcasting in Scotland. Following the Referendum the governance of Gaelic broadcasting was

recognised in the Smith Commission proposal to transfer the powers to approve appointments to the board of MG ALBA to Scottish Ministers. In the second half of the year the Scottish Parliament's Economy, Energy and Tourism Committee conducted an Inquiry into the economic impact of the creative industries and its report was clearly concerned about the lack of strategy for supporting and growing the TV sector in Scotland. MG ALBA is exercising leadership in this arena and believes that Gaelic broadcasting is a force not just for Gaelic but a key stimulus for growing the media entrepreneurship of our creative sector in Scotland.

With a new administration in place in Westminster and attention turning to the BBC's Royal Charter which must be renewed for the start of 2017, a strong case must be made for the support and growth of Gaelic broadcasting to

be enshrined in the new Charter and in Government commitments. We pressed this case during the year, including at a reception at number 11 Downing Street, where we articulated our ambition to maintain and increase the success of BBC ALBA with audiences and to maintain and grow a sustainable, diversified, internationalised supply sector, with the economic benefits that entails.

With the successful completion of works at Seaforth Road in Stornoway we took an historic step when we welcomed the BBC and independent producers to the new Gaelic media campus. The First Minister of Scotland and the Chief Secretary to the Treasury visited us in Spring and Summer respectively to recognise this new chapter in our story. In a demonstration of confidence in the present performance and future prospects of Gaelic media, the Scottish Government announced further

ùr nam meadhanan Gàidhlig. Thadhail Priomh Mhiniestar na h-Alba oirnn as t-Earrach agus Àrd-Rùnaire ionmhais na Rioghachd Aonaichte as t-Samhradh airson aithne a thoirt don chaibideil ùir sin nar n-eachdraidh. Ann a bhith a' comharrachadh an earbsa ann an suidheachadh nam meadhanan Gàidhlig san àm a tha an làthair agus anns an àm ri teachd, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba ionmhas a bharrachd de £2.1m thairis air dà bhliadhna agus bhuillich DCMS £1m air MG ALBA airson 2014-15 a thuilleadh air an £1m a bha mu thràth air a ghealltann airson 2015-16.

Thòisich Radio nan Gàidheal air craoladh gu soirbheachail bho na stiùidiothan ùra air 12 Cèitean 2014, agus chaidh an cuid saothair aithneachadh nuair a choisinn iad duais Stèisean Rèidio na Bliadhna aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach. Meal-an-naidheachd gu dearbh.

Bha teachd-a-steach MG ALBA airson na bliadhna £2m nas àirde ann an 2014-15 na bha e airson na bliadhna ron sin. Bha sin ri fhaicinn air an sgrion, le luach £11.6m de phrògraman MG ALBA air an craoladh an taca ri £10.3m a' bhliadhna roimhe. Nan lùib bha am pileat dràma Bannan, a fhuair a' chìad sealladh air beulaibh làn talla de luchd-amhairc ris an do chòrd a' chùis aig Fèis Film Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann. Sheall rannsachadh a dh'aon ghnothaich gun do chòrd an sleath pileat gu mòr ri luchd-amhairc agus an co-bhonn ri Alba Chruthachail mar cho-sheilbhiche, thug sinn gealltanás mòr ùr 15 prògram eile de Bhannan ullachadh thairis air 2015 agus 2016. 'S e seilbheachadh a tha seo a thaobh tàlant ann an sgrìobhadh, actadh agus riochdachadh a tha stèidhichte san Eilean Sgitheanach agus tha sinn gu mòr an comain treuntachd an riochdaire Young Films, lèirsinneachd an sgioba sgrìobhaidh agus proifeiseantachd nan

cleasaichean, a bha airson iomadh bliadhna às aonais cothrom na sgilean aca a thaisbeanadh air an sgrion bheag.

Cheadaich an t-airgead a bharrachd seo dhuinn airson a' chiad uair a dhol an sàs ann an cùmhnan tan ionmhadh-bliadhna airson prògraman aithriseach agus prògraman aithriseach aotrom, le dà chompanaидh riochdachaidh neo-eisimeileach à Obar Dheathain. Cuidichidh seo le seasmhachd a' ghnìomhachais agus le solarachadh phrògraman BBC ALBA agus bheir e cothrom dhaibh seilbh a dhèanamh ann an tàlant. Rinn stiùireadh ionmhais làidir cinnteach gu robh a' bhuidheann ag obair taobh a-staigh bhuidseatan agus a thuilleadh air an seo chan eil càil sònraichte ann an aithrisean ionmhasail na bliadhna seo ach a-mhàin an nota a rinn sinn mu ghealltanasan riochdachaidh san àm ri teachd de £14.4m an taca ri £1.1m a' bhliadhna ron

investment of £2.1m over two years and DCMS awarded £1m to MG ALBA for 2014-15 in addition to the £1m already promised for 2015-16.

Radio nan Gàidheal successfully broadcast its first programme from the new facilities on 12 May 2014 and their dedication and hard work was recognised when they won the Radio Station of the Year Award at the Celtic Media Festival. Congratulations to them.

MG ALBA's total income for the year was £2m higher in 2014-15 than for the previous year. This was evident on-screen, with £11.6m of MG ALBA programming broadcast during the year compared with £10.3m the previous year, among which was the drama pilot, Bannan, which was premiered to a packed and appreciative house at the Edinburgh International Film Festival. Bespoke research found that the pilot

series had appealed strongly to core audiences and, with Creative Scotland on board from the start as a co-investor, we made a major new commitment to the production of 15 more episodes of Bannan over 2015 and 2016. This is an investment in writing, acting and production talent working on the Isle of Skye and we are indebted to the boldness of the producer Young Films, the ambition of the writing team and the professionalism of the actors who for many years have had no opportunity for dramatic expression on the small screen.

The additional funding also allowed us for the first time to agree multi-year contracts for factual and factual entertainment programming with two independent production companies in Aberdeen, which will help create stability in the sector and in BBC ALBA programme supply and allow them to invest in talent. Strong financial

management ensured that the company worked within budgets and the financial statements are otherwise unremarkable this year again, other than the note we make about forward production commitments of £14.4m as compared with £1.1m the previous year (note 15). At the start of the year we renewed most of our multi-year production contracts for sports, music, documentaries and dubbing, with the new contracts expiring in summer of 2017. The contracts create efficiencies and afford both stability and development opportunity for the companies concerned. This year for the first time we include a requirement for the producer to source matched funding for some programming. This was not an exercise in parsimony but a deliberate invitation to producers to utilise the backbone of Gaelic content commissioned by us as an opportunity to attract investment and to diversify their own revenue streams. We also asked

seo (nota 15). Aig toiseach na bliadhna rinn sinn ùrachadh air a' mhòr-chuid de ar cùmhnan tan riochdacha idh airson spòrs, ceòl, prògraman aithriseach agus dubadh, le na cùmhnan tan ùra a' tighinn gu crìch as t-Samhradh 2017. Tha na cùmhnan tan seo a' cruthachadh èifeachdasan agus a' toirt seasmhachd agus cothrom leasachaidh do na companaidhean. Am-bliadhna airson a' chiad uair thathas a' cur ullach air an riochdaire maoineachadh co-ionann fhaotainn airson cuid de na prògraman. Cha b' e spòlocaireachd a bha air cùlaibh seo idir ach cuireadh sònraichte a thoir do riochdairean an taic a bha sinn a' toirt airson an t-susbaint Ghàidhlig a chleachdadh gus maoin eile a thàladh agus na sruthan-maoin aca fhèin a leudachadh. Dh'íarr sinn cuideachd air na companaidhean obrachadh còmhla rinn ann an leasachadh cruthachail agus gnothachail ar roinne, cuireadh ris an do ghabh iad gu dìorrasach.

Chuir sinn cuideachd fàilte air an t-seilbheachadh a bharrachd bhon BhBC ann am prògraman BBC ALBA, ann am bliadhna a bha sònraichte airson daoine a' fuireach ann an Alba. Bha an luchd-amhairc air an glacadh le prògraman a chomharraich toiseach a' Chiad Chogaidh, Geamaichean a' Cho-fhlaitheis agus an Referendum agus ri linn an airgid a bharrachd seo, bha e comasach do BhBC ALBA am pàirt a ghabhail an seo.

Bha sinn toilichte gun do lean BBC ALBA ann a bhith a' ruigsinn ar targaidean seachdaineach de 70% de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus 10% air feadh Alba agus chunnacas àrdachadh de chòrr is 7m ann an seallaidhean air an iPlayer, a-rithist tòrr air thoiseach air na bha sinn a' sùileachadh. A rèir ar rannsachaidh, bha còrdadh an luchd-amhairc ann am prògraman agus ro-innleachdan na seanail aig an ìre as àirdé

fhathast agus chunnacas àrdachadh mòr ann an cleachdadh LearnGaelic agus FilmG.

Ach, tron bhliadhna, leudaich an iPlayer an comas prògraman fhaicinn bho 7 là gu 30 là agus mheudaich a' cho-fharpais airson a bhith ag amharc air an ùrlar sin gu mòr. Għluais BBC ALBA cuideachd bho dhuiileag-dachaigh an iPlayer, ga dhèanamh nas duilghe na prògraman a lorg. Dh'haodadh gur iad seo a b' adhbhar gun robh atharrachadh san àireamh de dhaoine a bha a' coimhead an iPlayer san dàrna leth den bhliadhna.

Ged a bha an dàta fàbharach, tron bhliadhna chaidh guthan an togail gu poblach a bha a' ceasnachadh feallsanach na seanail a thaobh cànan. As t-Earrach 2015 thug sinn èisteachd do gach beachd a chaidh a thoirt dhuinn tro cho-chomhairleachadh poblach, mu amasan is rùinteán nam meadhanan

the companies to work with us in the creative and business development of our sector, an invitation to which they have responded with enthusiasm, much to their credit.

We also warmly welcomed the BBC's additional investment in BBC ALBA programming in what was a special year for people living in Scotland. The commemoration of the start of the Great War, the Commonwealth Games and the Referendum all caught the imagination of the viewing public and BBC ALBA was enabled, by the additional investment, to play its part too.

We were pleased that BBC ALBA continued to exceed our weekly reach targets of 70% of Gaelic users and 10% Scotland-wide and we saw an increase in iPlayer viewings to over 7m, again well in excess of our aspiration. According to our research audience appreciation

of programming and channel strategies reached its highest levels yet and participation in LearnGaelic and FilmG increased substantially.

However, within the year, the iPlayer expanded its capacity from 7-day to 30-day catch-up viewing and competition for viewership on that platform intensified. BBC ALBA also moved off the landing page of the iPlayer, adversely affecting the discoverability of our programming. Those may have been reasons for changes in the level of iPlayer viewing in the second half of the year.

Despite the healthy data, opinions were made public during the year questioning the approach of the channel to language. In Spring 2015 we listened to all opinions expressed through a public consultation exercise on the future aims and aspirations of Gaelic media. The consultation told us how much users of

Gaelic value their media, especially BBC ALBA, and the valuable insights gained added greatly to the body of knowledge already provided to us through the regular weekly and monthly audience research programmes.

Serving young people is one of the biggest challenges facing us. Research commissioned by Soillse, in conjunction with MG ALBA, on the media habits of young Gaelic speakers confirmed that Gaelic is not spontaneously being adopted in digital media usage to any serious extent by younger speakers. It also confirmed that BBC ALBA is not a strong brand proposition for those between 12 and 35 years of age, as the strengths of BBC ALBA lie clearly with young children and with the over 45 demographic. BBC ALBA is not the only channel experiencing the challenge of an ageing viewership profile but it is critical that it is addressed seriously. Technology

Gàidhlig airson an ama ri teachd. Dh'innis an co-chomhairleachadh dhuinn mun luach a bha luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' cur air na meadhanan, gu h-àraidh BBC ALBA, agus chuir na fhuaireadh a-mach ris an phiosrachadh a tha' tighinn thugainn bhon rannsachadh seachdaineach agus mìosail a thathas a' cumail gu cunbalach mu luchd-amhairc na seanail.

'S e aon de na dùblain as mothà a th' againn ciamar as fheàrr a thèid òigridh a fhrithealadh. Dhearbh rannsachadh, air a choimiseanadh le Soillse ann an co-bhonn le MG ALBA, mu chleachdadh nam meadhanan le daoine òga le Gàidhlig, nach eil a' Ghàidhlig ga cleachdad gu ire mhòr sam bith sna meadhanan sòisealta leis an luchd-labhairt òga. Dhaingnich e cuideachd nach robh BBC ALBA a' freagairt air daoine eadar 12 agus 35 bliadhna a dh'aois cho math 's a tha i air pàistean

agus air daoine thar 45. Chan e BBC ALBA an aon seanail aig a bheil dùbhlann a thaobh luchd-amhairc a bhith a' fàs nas sine ach tha e cudromach gun tèid dèligeadh ris. Bu chòir do theicneòlas agus an dòigh sa bheilear a' dèanamh nam meadhanan nas deamocraigeach a bhith na charaid dhan Ghàidhlig, gu sònraichte dhan ghinealach òg a fhuair no a tha a' faighinn buannachdandràsta bho fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Mar sin tha e riatanach gum bi na bhios sinn a' tabhann a thaobh nam meadhanan Gàidhlig a' dèanamh ceangal ri na daoine òga ann an dòighean ùra, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt cothrom dhaibh a bhith a' cruthachadh na susbaint agus na branndan aca fhèin. Tha sinn air comharrachadh gu bheil e mar phrìomhachas dhuinn thar nam beagan bhliadhnaichean a tha romhainn cultar beothail de dh'ùr-ghnàthachadh agus de cruthachaileas sna meadhanan Gàidhlig a bhrosnachadh am measg

dhaoine òga le Gàidhlig.

Tron bhliadhna, lìbhrig na sgiobaidhean obrachaidh agus dreach na seanail 100 uair a thìde de cheanglaichean agus 479 uairean a thìde de phrògraman inbhe-craolaidh gu foillseachadh craolaidh. A thuilleadh air goireasan stiùdio agus goireasan manaidseadh nam meadhanan, thòisich ar sgioba teicnèolais air pròiseact dà bhliadhna gus gluasad gu ruige manaidseadh mheadhan HD stèidhichte air faidhle. Na phàirt riatanach den phasgan seo, ma tha MG ALBA gu bhith air chomas a dhol an sàs ann an solar craoladh nàiseanta sna bliadhnaichean a tha air thoiseach, feumar cothrom fhaighinn air bann-leathainn aig àrd astar agus chuir sinn fàilte air an naidheachd gun deigeadh càbal fibre optic a chur fo ghrunnd na mara ann an 2015, a' ceangal nan Eilean Siar, ann am pròiseact air a stiùireadh le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

and the increasing democratisation of the media should be an ally for Gaelic, particularly for the generation who have or are now benefiting from Gaelic medium education. So it is essential for our Gaelic media offering to engage with young people in new ways, including empowering them to create their own content and brands. We have identified that it is a priority for us over the next few years to create a lively culture of innovation and creativity in Gaelic media among young people with Gaelic.

In the year, our channel operations and presentation teams delivered 100 hours of junctions and around 470 hours of broadcast compliant media to playout. In addition to the operation of fully functioning studio and media management facilities our technology team embarked on a two-year project for migration to file-based, High Definition media management. An essential part of

the package, if MG ALBA is to be able to fully participate in national broadcasting provision in future years, is access to high speed broadband, and we welcomed the announcement that a subsea fibre optic cable would be laid in 2015 connecting the Western Isles, in a project led by Highlands and Islands Enterprise (HIE). Early connection to this network will be critical if we are to meet the future media delivery and storage requirements of our industry and consequently to preserve and grow jobs in the islands.

MG ALBA, therefore, fulfilled the most significant targets agreed with Ofcom for 2014-15. However, much work and many opportunities lie ahead for the organisation and for the BBC ALBA partnership.

Towards the end of the year economic impact research confirmed our use of funds is effective and beneficial,

especially for the Highlands and Islands. However we still lack a firm evidential baseline which conclusively states the value and quantum of television production in Scotland and in 2015-16, with the support of Creative Scotland, we intend to create that. Although our focus is serving our audience, MG ALBA occupies an industry leadership role and acts as a catalyst for developing skills, jobs and economic well-being. In that respect it was useful that HIE research found that the estimated potential economic value of Gaelic as an asset to the Scottish economy was up to £148.5m per annum, comprising up to £29.4m attributable to the creative industries. In the exercise of our leadership role and supported by new arrangements with producers inviting them to diversify their revenue streams on the back of high quality Gaelic content during the year we embarked on the serious work of stimulating economic and commercial

(HIE). Bidh ceangal tràth chun lònra seo deatamach ma tha sinn dol a choileanadh san àm ri teachd feumalachdan lìbhrigidh nam meadhanan agus feumalachdan stòrais ar gnìomhachais agus ri linn sin a' gleidheadh agus a' fàs obraichean sna h-Eileanan.

Mar sin choilean MG ALBA na pìomh thargайдean a chaidh aontachadh le Ofcom airson 2014-15. Ach tha mòran obair, agus iomadh cothrom ron bhuidhinn agus ro cho-bhanntachd BBC ALBA.

Aig deireadh na bliadhna dhearbh rannsachadh mun bhuaidh eaconamach gu bheil an dòigh anns a bheil sinn a' cosg ar maoin èifeachdach agus buannachdail gu h-àraig dhan Ghàidhealtachd agus na h-Elleanan. Ach tha feum fhathast air fianais deimhinneach a tha a' dearbhadh luach agus seasamh riochdachadh telebhisein ann an Alba agus ann an

2015/16, le taic Alba Chruthachail, tha e san amharc againn sin a stèidheachadh. Ged is e ar fòcas a bhith a' frithealadh ar luchd-amhairc, tha àite deatamach aig MG ALBA ann a bhith a' tabhann stiùireadh sa gnìomhachas agus a bhith mar mheadhan bhrosnachaidh a thaobh sgilean, obraichean agus sunnd eaconamach. A thaobh sin bha e feumail gun d' fhuair rannsachadh a rinn HIE gun robh am measadh air luach eaconamach a dh'fhaodadh a bhith aig a' Ghàidhlig mar so-mhaoin de eaconamaidh na-Alba de luach £148.5m gach bliadhna agus suas ri £29.4m co-cheangailte ri na gnìomhachasan cruthachail. Ann a bhith a' cur an cèill ar dleastanas a thaobh ceannardais, le taic bho na h-ullachaidhean ùra le riochdairean, a' toirt cuireadh dhaibh an sruthan teachd-a-steach a leudachadh mar thoradh air susbaint Gàidhlig de dh'àrd-chàileachd tron bhliadhna, thòisich sinn air an obair chudromach a thaobh

a bhith a' brosnachadh leasachadh eaconamach agus coimearsalta den roinn chruthachail, aig an taigh agus thall thairis an co-bhòinn ri HIE, lomairt na h-Alba, SDI agus PACT.

Sa cho-dhùnadh, bu mhath leam taing a thoirt do sgiobaidhean MG ALBA - ionmhais, gnìomhachas, teicneòlas, obrachadh, rianachd, conaltradh, margaidheachd, leasachadh agus corporra - a tha a' strì gu dìcheallach agus gu soirbheachail gus am bi na meadhanan Gàidhlig air an cleachdad gu làitheil ann an Alba agus aithnichte fad is farsaing airson sàr-mhathais. Bu mhath leam taing sòrraichte a thoirt do Stiùirichean an Sgioba Àrd-stiùridh agus don Chathraiche agus don Bhòrd a tha an-còmhnaidh àrd-amasach agus taiceil.

Tha sinn cuideachd gu mòr an eisimeil saothair agus proifeiseantachd nan

development of the creative sector, both at home and abroad, in conjunction with HIE, Scottish Enterprise, SDI and PACT.

In conclusion, I would like to thank the MG ALBA teams – finance, business affairs, technology, operations, administration, communications, marketing, development and corporate - who diligently and successfully strive to ensure that Gaelic media are in daily use in Scotland and are universally recognised for excellence. I especially thank the Directors who make up the Senior Management Team and the Chair and Board, who are always highly ambitious and highly supportive.

We are also very much indebted to the writers, to the producers and to each and every talented person who appears on-screen, for their hard work and professionalism in making and presenting programmes for the channel.

We are much obliged for the financial support and encouragement, as well as the freedom, we are afforded by Ministers and officers of the Scottish Government. We would not be able to fulfil our remit without all of that. We hope that we have made the case for continued and perhaps enhanced investment as the impact of Gaelic media on our language and our country continues to grow. We also thank the UK Government and Creative Scotland, whose support has enabled key developments in the course of the year.

Our partnership with the BBC has been an example of how good collaboration can work. We are grateful to them and together we expect that recognition and status will be afforded to BBC ALBA in the new BBC Royal Charter, so that the channel will have the opportunity to grow towards fulfilment in the years ahead.

Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege to be able to serve each and every one of you.

Donald Campbell | Chief Executive

sgriobhadairean, nan riochdairean agus gach neach tàlantach a tha a' nochdad air an sgàilean airson an obair chruaidh agus am proifeiseantachd ann a bhith a' dèanamh agus a' lìbhrigeadh phrògraman airson na seanail.

Tha sinn gu mòr an comain Mhinistearan agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba airson an taic ionmhais, am misneachadh agus an saorsa a tha iad a' toirt dhuinn. Cha bhiodh sinn air chomas ar dleastanas a choileanadh às aonais na taic seo. Tha sinn an dòchas gu bheil sinn air dearbhadh gu bheil adhbhar ann sinn leantainn oirnn le bhith a' faighinn maoin agus 's dòcha an tuilleadh maoineachaидh mar a bhios buaidh nam meadhanan Gàidhlig air ar cànan agus air ar dùthaich a' sior mheudachadh. Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt do Riaghaltas na RA agus do dh'Alba Chruthachail, oir rinn an taic-san comasach dhuinn

prìomh leasachaidhean adhartachadh tron bhliadhna.

Tha ar co-bhanntachd leis a' BhBC air a bhith mar eisimpleir de dheagh chom-pàriteachas. Tha sinn taingeil dha-rìribh dhaibhsan agus còmhla tha sinn an dùil gun tèid aithne is àite a thoirt do BhBC ALBA ann an Cairt Rìoghail ùir a' BhBC, gus am bi cothrom aig an t-seanail leantainn oirre a' fàs a chùm coileantachd sna bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig aig cridhe ar n-adhbhar-bith: tha e na urram a bhith air chomas frithealadh a dhèanamh air gach duine agaibh.

Dòmhnull Caimbeul | Àrd-Oifigear

"Tha na h-àireamhan de Ghàidheil ris a bheil BBC ALBA a' cordadh, mu choinneamh tomhasan feabha, nuadhais agus mar a thathas a' toirt cultar na Gàidhlig thuca, aig an ire as àirde a-riamh, os cionn no co-ionnan ri irean 2013-14."

Libhrig MG ALBA

100

uair a thide de cheanglaichean agus

479

uairean de phrògraman





Lèirmheas air gniomhan & gnothaichead

Activities & business review

19

MG ALBA sustains almost

300
FTE jobs

'S e cleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson dhaoine ann an Alba.

Bha raon farsaing de sgeulachdan eile rim faighinn - naidheachdan Gàidhealach, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bha naidheachd chonnspaideach seirbheis aiseagan nan eilean sna naidheachdan, le prògram sònraichte mun aiseag ùr MV Loch Seaforth. Thug droch shìde aig toiseach na bliadhna agus a' bhuaidh a thug sin air beatha dhaoine iomadh sgeulachd thugainn agus chunnaic sinn sin ann an aithrisean bho choimhearsnachdan

featured live games from the SPFL Championship and extended highlights from the SPFL Premiership on Saturday and Sunday night.

News

The months of August and September were dominated by the debate around Scotland's historic constitutional decision. Programming during the run-up to Referendum day was led by the Gaelic news team and featured daily coverage within the main news programmes on BBC ALBA, Radio nan Gàidheal and online. There were debates, documentaries and daily reports as well as coverage across Referendum night and throughout the following day and evening. The overnight studio programme hosted from Inverness by Donald Morrison and James MacDonald provided an incisive and entertaining backdrop to

the results as they came in from the 32 outside broadcasts across Scotland. Coverage of the response to the result continued through the following day on Radio nan Gàidheal and BBC ALBA's special programme **Alba Air Taghadh** (BBC) offered comprehensive and colourful analysis, comment and reaction. The programme was anchored by Iain Maclean and Angela Maclean with a number of discussion inserts from Stornoway and Glasgow. Norrie MacLennan and his 'An Là' team performed exemplary work across the Referendum period - a period which offered substantial creative and journalistic opportunities and a fair share of challenges to many news teams throughout the UK.

There was a wide range of other stories on the Gàidhealtachd, national and international news agenda. The contentious, on-going issues of

Hebridean ferry services included special coverage of arrival of the new MV Loch Seaforth. Wild weather at the start of the year produced many human interest stories and coverage included extended reports from various Highland and Islands communities in the wake of storm conditions in mid-January. Community feelings often rise when health services are being discussed and the Gaelic news team gave considerable attention to community campaigns in Skye where the decision to site a new hospital is particularly divisive.

Eòrpa (BBC) reports included a special from the conflict areas in Eastern Ukraine and a well-received half-hour programme which brought families of the MH17 plane disaster together with families of those lost in the Lockerbie crash.

na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann am meadhan an Fhaoillich. Bidh faireachdainnean làidir a' tighinn am bàrr nuair a bhios seirbheisean sláinte air an deasbad agus thug sgioba nan naidheachdan Gàidhlig ùine iomchaidh do na h-iomairtean coimhlearsnachd san Eilean Sgitheanach far a bheil an co-dhùnadh mu làrach ospadail air sgaradh bheachdan a nochdad.

Am measg aithrisean Eòrpa, fhuaireas aithris shònraichte bho cheàrnaidhean le strì, leithid An Ucràin an Ear agus prògram leth-uair air an do chuir luchd-coimhidh fàilte nuair a chaidh teaghlachean a chaill an càrdean ann an sgrios an itealain MH17 an toirt còmhla ri teaghlachean a chaill daoine ann an sgrios Lockerbie.

Ionnachsadh

Tha seo air a bhith na bliadhna air leth

airson **LearnGaelic**, ar làrach-lìn airson daoine a tha ag ionnsachadh Gàidhlig, le spionnadhs às ùr air a thoirt don bhrannad LearnGaelic. Tha an àireamh de dhaoine a tha a' tighinn às ùr chun làraich air a dhol am meud bho 156,000 ann an 2013-14 gu 192,000 ann an 2014-15 agus chunnait sinn seallaidhean dhuilleagan air a dhol bho 289,000 ann an 2013-14 gu còrr air millean aig 1,003,000 ann an 2014-15. Tha App ùr soirbheachail **LearnGaelic (LearnGaelic Beginner's Course)** a-nise ri fhaighinn air iPad, Taiblèit Android agus HTML5 agus tha e air feum neo-sheachanta a dhèanamh do dhaoine aig ire töiseachaidh a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

Ann an iomadach dòigh tha e cuideachd air a bhith na bliadhna de phlanadh airson atharrachadh le branndadh às ùr agus leasachadh ann an susbaint air a thairgse ann an 2014-15. Bidh dath

ùr soilleir air an làrach ùr le fòcas às ùr mar a' phrìomh làrach airson goireasan ionnsachaidh airson inbhich. Thèid stuth ùr a chuir ris gach seachdain agus bheir an goireas ùr, cluicheadair bhidio, cothrom stuthan BBC ALBA a chuir ri chèile gu feum an luchd-ionnsachaidh.

Tha **Aithne air Ainmhidhean** – sreach ionnsachaidh BBC ALBA airson bunsgoilean – air còrdadh ri daoine agus air a bhith soirbheachail, gu h-àraidh air an iPlayer. Tha gach prògram a' toirt thugainn fiosrachadh a tha inntinneach agus iongantach mu ainmhidhean. Chaidh riochd le fo-thiotalan gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh cuideachd a riochdachadh agus fhuaireas fios air ais gun do chòrd e ris an luchd-coimhidh. Tha an dàrna sreach an-dràsta ga chraoladh air an t-seanail. Thug Bees Nees Media thugainn tionndadh ionnsachaidh de **Na Gillean Grinn: Handsome Lads** ann an

Learning

This has been an excellent year for **LearnGaelic**, our Gaelic learners' website. The new site producer has brought a focus and energy to the LearnGaelic brand. Unique users of the website have grown from 156,000 in 2013-14 to 192,000 in 2014-15 and page views have jumped dramatically from 289,000 in 2013-14 to over a million at 1,003,000 in 2014-15. The prize-winning **LearnGaelic Beginner's Course App** is now fully available for iPad, Android tablet and HTML5 and has become an indispensable tool for Gaelic beginners.

In many ways it has also been a year of planning for transition with rebranding and development of the content offer being rolled out in 2014-15. The site will re-brand with a brighter colour palette and re-focus as the main site for

accessing learning resources aimed at adults. New content will be added each week and the addition of a video player will enable more BBC ALBA content to be re-purposed/packaged for learners.


BBC ALBA's learning series **Aithne air Ainmhidhean** aimed at primary school children, has proved to be very successful, particularly on iPlayer. Each episode takes the form of an investigative quest with the animals under constant surveillance, allowing viewers to discover surprising facts about their lives. A version with subtitles to support Gaelic learners was also produced and feedback regarding this was positive. A second series is currently being broadcast on the channel.

Bees Nees Media have produced a Gaelic language learning version of the WW1 documentary **Na Gillean Grinn:**

Handsome Lads. This programme looked at the Battle of Ypres from the perspective of Gaelic poet Dòmhnull Ruadh Choruna, the community of North Uist and a local man's quest to discover how his grandfather died in the trenches. Bees Nees also produced an English language version for BBC Learning and the content is now available online.

A new ALBA version of the CBeebies online programme, **Dèan Dealbh: Make a Picture** is currently in development. It will work on tablets and mobiles as well as desktop and more games are due to go into production in the coming year.

The online learning team is currently in discussion with BBC Learning to create Gaelic language learning resources suitable for primary school pupils. This is likely to take the form of online and audio content.



Visits to LearnGaelic website increased by:

104%

Gàidhlig. Choimhead am prògram ri Blàr Ypres tro shùilean a' bhàird ainmeil, Dòmhnull Ruadh Chorùna, coimhearsnachd Uibhist a Tuath agus strì aon neach gus faighinn a-mach mu bhàs a sheanar sna trainnsichean. Rinn Bees Nees cuideachd tionndadh Beurla airson BBC Learning. Gheibh an luchd-amhairc na prògraman seo air-loidhne.

Thatas an ceartuair a' leasachadh goireas air-loidhne CBeebies ALBA, **Dèan Dealbh: Make a Picture**. Bidh seo ri chleachdadhbh air taibleitean agus fònaichean-làimhe a thuilleadh air PC, le dùil ris an tuilleadh gheamannan a riochdachadh sa bhliadhna air thoiseach.

Tha an sgioba ionnsachadh air-loidhne an-dràsta ann an còmhraidhean le BBC Learning gus goireasan ionnsachaidh Gàidhlig freagarrach ullachadh airson bun-sgoiltean. Thatas a'

smaoineachadh gum bi seo ri faighinn air-loidhne le stuthan claisinneach. Tha an t-sreath deuchainn aig BBC Radio nan Gàidheal airson inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig, **Beag air Bheag**, air an dàrna sreath a thòiseachadh. Tha an t-sreath ùr seo de 15 prògraman air an leudachadh gu 60 mionaidean agus gheibhearr iad mar podcast agus bidh e ri faighinn gu deireadh an Ògmhios. Tha an treas sreath san amharc airson an Dàmhair.

BBC ALBA Agus An Roinn Telebhisein

Am-bliadhna, chaidh MG ALBA an sàs ann an cùmhnan tan airson pasgan phrògraman le ochd companaidhean, Bees Nees, Caledonia, Mactv, mneTV, Obh Obh, Solus, Eyeline agus Midas. A thuilleadh air a sin, tha MG ALBA fhathast a' cur airgid gu ruige phrògraman air an riochdachadh leis

a' BhBC. Fhuaireas cuideachd tòrr bheachdan phrògraman tro chuairtean coimeasanaidh ràitheil.

Chumar seisean gnìomhachais le ar Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan, Iseabail Nic an t-Sagairt aig toiseach na Sultaine 2014. Bha tòrr chompanaidhean riochdachaidh an làthair a thuilleadh air pàirteachas le priomh chompanaidhean leithid lomairt na h-Alba, lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Scottish Development International. B' e fòcas an là leasachadh coimeirsealta roinn nam meadhanan Gàidhlig. Sa Ghèarran, chumar seisean sponsairichte le PACT far an deach laigsean a' mhargaidh eadar-nàiseanta telebhisein an comharrachadh. Thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh san ùine tha romhainn gus prògraman Gàidhlig agus Albannach a lìbhrigeadh gu h-eadar-nàiseanta.



BBC Radio nan Gàidheal's pilot series for Gaelic adult learners, **Beag air Bheag**, has recently started its second series. The new series of 15 programmes has been expanded to 60 minutes and is also offered as a podcast and will continue until the end of June. A third series is planned for October.

BBC ALBA and the television sector

This year MG ALBA contracted new volume-supply agreements for sport, music, factual, entertainment and dubbing with 8 companies: Bees Nees, Caledonia, Mactv, mneTV, Obh Obh, Solus, Eyeline and Midas. In addition MG ALBA continues to invest in BBC-produced programming. Two very well subscribed-to seasonal commissioning rounds were also held.

An industry session led by our new Director of Development and Partnerships, Iseabail Mactaggart, was held at the beginning of September 2014 and was well attended by producers with a high-level engagement and participation from key agencies such as Scottish Enterprise, Highlands and Islands Enterprise and Scottish Development International. The focus for the day was the commercial development of the Gaelic Media sector. A follow up PACT-sponsored session in February pointed up Scotland's evident weakness in the international television market and strategies to promote the international marketisation of Gaelic and Scottish programming will emerge from our work in this area.





Lèirmheas air leasachadh

Development review

Bha an àireamh fhilmichean ann am farpais FilmG
aig an ire as àirde a-riamh am-bliadhna.

Chaidh fòcas nas teinne a thoirt do dh'oidhirpean meadhanan didseatach na buidhne. Bha seo airson trì adhbharan: (i) gus luchd-amhairc a chuir gu ruige ar prògraman; ii) gus conaltradh a dhèanamh comasach eadar ar luchd-amhairc, sinn fhèin agus ar riochdairean; agus iii) gus àrdachadh a dhèanamh air an ìre de Ghàidhlig a tha air a labhairt 's air a faicinn air na meadhanan sòisealta. Mar bhuideann Ghàidhlig, thathas den bheachd gu bheil an treas eileamaid seo na phàirt chudromach san tabhartas againne gus a' Ghàidhlig àbhaisteachadh.

Tha meadhanan sòisealta MG ALBA a' tòiseachadh bho ìre gu math iosal de luchd-cleachdaidh. Chaidh comas nam meadhanan sòisealta a chùm maith a nochdadh an lùib **An Dùbhlann – Sanjeev Kohli Does Gaelic**. Choilean am prògram **Port** gu ìre reusanta air na meadhanan sòisealta cuideachd.

San Dùblachd 2014, nochd @BBCALBA air Twitter, a thuilleadh air @Gaelicmedia.

LearnGaelic

Air Twitter, lean soirbheachas LearnGaelic, agus thar na bliadhna thàinig fàs de 600%, gu 6,174 luchd-leantainn. Bha meudachadh de 76% san àireamh de dhaoine a thadhail air an làrach, suas gu 43,479 ann an 2015. Bha fàs de 54% san àireamh dhaoine a thadhail a dh'aona ghnothaich suas gu 20,139 ann an 2015. Tha an àireamh a thadhail air na duilleagan air meudachadh gu mòr.

FilmG

Bha an àireamh fhilmichean ann am farpais FilmG aig an ìre as àirde a-riamh am-bliadhna. Chaidh cleachdad nam meadhanan sòisealta a leudachadh gu mòr, le Snapchat agus Instagram air an cleachdad airson a' chiad uair. Tha

na h-àireamhan gu h-iseal a' sealltainn buaidh na h-iomairt seo air eadar-obrachadh. Bu chòir aire a thoirt gun do cho-roinn a' chompanaidh Red Bull fear de na bhidiathan a bh' air a' gheàrr-liosta agus bha buaidh aig an seo an dà chuid air luchdachaidhean agus cluichean.

Chaidh oidhche dhuaisean FilmG a chumail gu soirbheachail san t-Seann Fruitmarket ann an Glaschu. Chuir gach cuid sgrionaireachan Twitter agus 'prompts' Twitter air bùird ris an eadar-obrachadh agus ris na bhathar a' cleachdad de Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta. Tha luchd-leantainn Twitter air a dhol suas 60% gu 1,415.

Leasachadh Roinne

'S e amasan roinn nam meadhanan Gàidhlig a bhith a' meudachadh co-riochdachadh agus co-mhaoineachadh, agus cuideachd a bhith a' meudachadh

The organisation's digital media efforts have been brought into tighter focus. This was for three reasons: (i) to drive viewers to content; (ii) to enable a dialogue between our viewers, ourselves and our producers; and (iii) in order to increase the amount of Gaelic spoken and seen on social media. As a Gaelic organisation we consider this third element an important part of the contribution we can make to the normalisation of Gaelic.

MG ALBA's social media activity is starting from a relatively low base. The potential of social media activity was highlighted by the efforts around **An Dùbhlann – Sanjeev Kohli Does Gaelic**. Similarly the programme **Port** performed relatively well on social media.

December 2014 saw the introduction of @BBCALBA on Twitter, in addition to @Gaelicmedia.

LearnGaelic

On Twitter, LearnGaelic continued to perform well, with a 600% increase in its followers over the year, to 6,174 followers. The sessions (number of visitors) increased 76% to 43,479 in 2015. The number of unique visitors have increased 54% to 20,139 in 2015. The number of page views has also increased significantly.

FilmG

FilmG had its highest ever number of film entries this year. Social media activity was increased significantly, with Snapchat and Instagram added for the first time. The figures below demonstrate the effect this increased effort had on interaction. It should be noted that the company Red Bull shared one of the shortlisted videos, which had a clear effect on both loads and plays.

The FilmG Awards Ceremony was a success, held in the Old Fruitmarket in Glasgow. Twitter screens and Twitter prompts on tables visibly boosted both the interaction and the amount of Gaelic on social media. Twitter followers have increased 60% to 1,415.

Sector Development

The priorities for the Gaelic media sector are to increase co-productions and co-funding, and also to increase the use supplier companies make of their assets, both in relation to the rights pertaining to programmes (while retaining the value of public investment by MG ALBA) but also in relation to finished programmes.

MG ALBA has identified three elements which must be in place as a foundation in order to facilitate this increased activity: (i) information – i.e. market

na tha na companaidhean solarachaidh a' dèanamh den t-so-mhaoin aca, gach cuid a thaobh nan còraichean co-cheangailte ri prògraman (ach aig an aon àm a' gleidheadh luach an t-seilbh phoblach aig MG ALBA) ach cuideachd a thaobh nam prògraman a chaidh an ullachadh a-cheana.

Tha MG ALBA air trì eileamaidean a chomharrachadh a dh'fheumas a bhith stèidhichte mar bhunait gus am meudachadh seo a dhèanamh comasach: (i) fiosrachadh – is e sin fiosrachadh mu mhargaidean; (ii) lìonraidhean – me co-riochdairean, co-mhaoineadairean agus luchd-coimiseanaidh a dh'fhaodadh a bhith ann a thuilleadh air BBC ALBA; agus (iii) stuthan aig àrd-ìre – is e sin airgead agus goireasan a chur gu ruige nan sgilean agus an tàlant a tha a' cruthachadh nam prògraman.

intelligence; (ii) networks – e.g. of potential co-producers, co-funders and commissioners beyond BBC ALBA; and (iii) excellence by way of product – i.e. investment in the skills and talent that create the programmes.

Activities in 2014/15 have focused on creating and strengthening these three elements: the first of biannual producer days was held in September 2014, with a follow up in February 2015. These events are designed to inform the Gaelic media sector about opportunities, but also to effect culture change within the sector in relation to internationalisation and commercialisation, and also to ensure that where collaboration is appropriate, the conditions for that are established. Themes have included tactical sessions on how the sector might do more co-productions/co-funding, how collaboration might manifest itself among company clusters

Ann an 2014/15, chaidh am fòcas a chuir air a bhith a' cruthachadh is a' neartachadh nan trì eileamaidean seo: chaidh a' chìad là leth-bhliadhnail a chumail le riochdairean san t-Sultain 2014, agus là eile sa Ghearran 2015. Tha na tachartasan seo air an dealbhachadh gus fios a chumail ri roinn nam meadhanan Gàidhlig mu chothroman ach cuideachd gus atharrachadh cultair a thoirt gu bith san roinn co-cheangailte ri eadar-nàiseanachadh agus malaireachadh agus cuideachd gus dèanamh cinnteach, far a bheil co-obrachadh iomchaidh, gu bheil na cumhaichean airson sin stèidhichte. Am measg nan cuspairean bha seiseanan innleachdach air ciamar a dh'fhaodadh an roinn an tuilleadh co-riochdachadh/ co-mhaoineachadh a dhèanamh, mar a dh'fhaodadh companaidhean a bhith ag obair còmhla agus eadar-nàiseanachadh agus maoin Creative Europe MEDIA. Thug MG ALBA cuireadh do PACT,

am buidheann a tha ag obair gu maith riochdairean, a thighinn a dh'Alba gus seisean a dhèanamh air sgaoileadh agus mun dòigh sam faodadh riochdairean dàimhean-obrach a chruthachadh le luchd-sgaoilidh.

Fhuair solaraichean buannachd bho dà phrògram air an ruith le Interreg: CeangalG agus Honeycomb. Fhuair sia companaidhean sia seiseanan fa leth de chomhairleachadh gnìomhachais dhaibh pèin, le fòcas air eadar-nàiseanachadh agus malaireachadh, tro CeangalG. Fhuair solaraichean stèidhichte san Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar buannachd bho sheiseanan pharsaing Honeycomb.

Co-bhanntachd

Chaidh buidheann luchd-ùidhe a stèidheachadh le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, lomairt

and internationalisation and Creative Europe MEDIA funding. MG ALBA invited the producers' alliance, PACT, to Scotland to do a session on distribution, and how producers might leverage relationships with distributors.

Suppliers also benefitted from two Interreg programmes: CeangalG and Honeycomb. Six companies received six individual sessions of bespoke industry mentoring, with a focus on internationalisation and commercialisation, through CeangalG. Suppliers in Skye and the Western Isles benefitted from wide-ranging Honeycomb sessions.

Partnership

A stakeholder group involving Highlands and Islands Enterprise, Scottish Enterprise and Scottish Development International was established and meets

quarterly to inform sector development. Discussions with MG ALBA have helped inform the development of the EXPONorth programme. MG ALBA continues to work with PACT. MG ALBA shares strategic interests with Creative Scotland on broadcast, culture and internationalisation, and MG ALBA was delighted that Creative Scotland's Director of Film and Media spoke as a guest at our February 2015 Producers Day. MG ALBA is an active member of the TV Working Group, the organisation which represents broadcast and production interests in Scotland and informs Creative Scotland and Scottish Enterprise's strategic work on television.

With Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA co-hosted two working sessions on Gaelic's place in the media, with a particular focus on encouraging young people to participate in media through the medium of Gaelic. In addition to

na h-Alba agus Scottish Development International. Bidh iad a' coinneachadh gach ràith gus fios a chumail mu leasachadh san roinn. Tha còmhraidhean le MG ALBA air cuideachadh le leasachadh prògram EXPONorth. Tha MG ALBA a' leantainn air adhart a' co-obrachadh le PACT. Tha MG ALBA a' co-roinn ùidhean ro-innleachdail le Alba Chruthachail air craoladh, cultar agus eadar-nàiseanachadh agus bha MG ALBA air leth toilichte gu robh Stiùiriche Film is Meadhanan Alba Chruthachail air aoigheachd aig Là nan Riochdairean againn sa Ghearran 2015. Tha MG ALBA na bhalla gnìomhach den Bhuidheann-obrach Tbh, am buidheann a tha a' riochdachadh ùidhean craolaidh agus riochdachaidd ann an Alba agus a tha a' cumail fios ri Alba Chruthachail agus obair ro-innleachdail lomairt na h-Alba a thaobh telebhisein.

Ann an co-bhoinn le Bòrd na Gàidhlig, chùm MG ALBA dà sheisean obrach air àite na Gàidhlig sna meadhanan, le fòcas sònraichte air a bhith a' brosnachadh dhaoine òga pàirt a ghabhail sna meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig. A thuilleadh air a bhith a' cur ri amasan ro-innleachdail MG ALBA co-cheangailte ri na meadhanan didseatach, tha gnìomhan practaigeach air a thighean a-mach às na seiseanan gus a dhèanamh comasach leasachadh a dhèanamh san earrainn chudromach seo de ar n-obair.

Tha MG ALBA a' cur gu gnìomhach ri bhith a' dealbhadh phoileasaidhean air craoladh, me tagraighean gu lèirmheas Ofcom air PSB agus aithisg Comataidh Eaconamaidh, Lùth agus Turasach Riaghaltas na h-Alba air buaidh eaconamaigeach nan gnìomhachasan cruthachail.


Visits to FilmG website increased by:

678%

informing MG ALBA's strategic priorities in relation to digital media, these discussions have resulted in practical steps being taken to facilitate the development of this important section of our work.

MG ALBA plays an active role in informing policy on broadcasting, e.g. submissions to Ofcom's PSB review and the Scottish Parliament's Economic, Energy and Tourism committee's report on the economic impact of the creative industries.

Luchd-leantainn/còrdadh	Giblean 2014	Màrt 2015	Meudachadh
Followers/likes	April 2014	March 2015	Increase
Twitter (@gaelicmedia)	1935	3112	60.7%
Facebook	1388	2365	70.4%
Daoine a' tadhail air làraich	Giblean 2014	Màrt 2015	Meudachadh
Unique Visitors	April 2014	March 2015	Increase
LearnGaelic.net	21,321	43,479	103.9%
FilmG.co.uk	620	4085	678.5%
Mgalba.com	4083	6412	57.0%
A' tighinn às ùr chun làraich	Giblean 2014	Màrt 2015	Meudachadh
LearnGaelic.net	11,406	20,139	76.6%
FilmG.co.uk	620	4085	558.9%
Mgalba.com	1934	2541	31.4%



First broadcast of
Bannan reached

62 %
of Gaelic-users

34. Bannan (Young Films)



35. FilmG



£14.4m

of production commitments at year end



Aithris riaghlaidh

Governance statement

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an libhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarris air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha MG ALBA air cumhachdan agus dleastanasan maoineachaidh a ghabhail a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghlaidh corpora agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean ionchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris lonmhaisail.

Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dion so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn Bharantas a

thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghlaidh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs dealbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar suil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèligeadh riutha gu h-ionchaidh.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd agus air am measadh a rèir moladh Ofcom agus le aonta Rùnaire na h-Alba agus Ministearan Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ionadachd a' Bhùird na gnothach airson Ofcom agus chuir sinn fàilte gun deach riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd suas gu 37.5% ann an 2014-15. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE),

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

MG ALBA is committed to high

standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provide the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so

that they may be considered and dealt with appropriately.

The composition and appraisal of the Board is determined by Ofcom with the approval of the Secretary of State for Scotland and the Scottish Government Ministers. This means that the diversity of the board is a matter for Ofcom and we welcome the fact that female representation on our board rose to 37.5% in 2014-15. The Board is comprised of up to 12 members including the Chairperson. Each board member serves for a period of up to 4 years. The Board must include members nominated by Highlands and Islands Enterprise (HIE), the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghniomhachais riochdachaidh neosimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Tha am Bòrd air dà chomataidh a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' libhrigeadh a chuid dhleastanasan. Tha Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimhseachadh chunnartan agus siostaman in-smachd. Tha e cuideachd a' coimhead ri cùisean pàighidh an luchd-obrach. Tha Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh. Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdad agus

ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com.

Tha am Bòrd a' cur an dreuchd Àrd-Oifgear, a tha na Oifigear Cunntachail, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbalach ris an Àrd-Oifgear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA.

Gach trì mìosan, tha an Sgioba Àrd-stiùiridh – air a bheil an t-Àrd-Oifgear, Stiùiriche Ionmhais, Ceannard Phrògraman, Stiùiriche Obrachaidh agus Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan - a' coimhead gu mionaid each ri aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid pasgain de dh'aithisgean ràitheil a chur air adhart gu coinneamhan

Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às dèidh sin chun Bhùird. A thuilleadh air an sin, tha an Sgioba Àrd-stiùiridh a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gníomh a' Phlana Gnìomhachais bhliadhna, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, agus airson dèligeadh ri gnothaichean ionmhais, gnothaichean luchd-obrach agus cùisean eile.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhna. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2014-15.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach

The Board has established two committees to assist in the discharge of its functions. The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management and internal control. It also covers staff remuneration issues. The Standards Committee advises the Board on media content broadcast by BBC ALBA, training and research. The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.

The Board appoints the Chief Executive, who is the Accounting Officer responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money of MG ALBA's expenditure. The Chairperson is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities.

Every three months the Senior Management Team - comprising the Chief Executive, Director of Finance, Head of Content, Director of Operations and Director of Development & Partnerships - considers quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities in detail. Quarterly reporting packs are presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board. In addition, the Senior Management Team meet at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their

annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action. No significant weaknesses were identified in 2014-15.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts are prepared for management, for the Board and for Ofcom. The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee and the Board.

MG ALBA has undertaken an environmental audit based on data available for 2014 with total carbon emissions totalling 245 tonnes of CO₂. A total of 93% of these emissions are building related. A new draft Environmental Management System has been prepared and is presently

mòs a rèir slatan-tomhais a' Phlana Gniomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne, airson a' Bhùird agus airson Ofcom. Tha an Sgioba Àrd-stiùiridh a' cumail Clàr Chunnartan, a tha air ùrachadh gach mòs agus tha iad air an deasbad gach ràith le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus leis a' Bhòrd.

Tha MG ALBA air sgrùdadadh àrainneachdail a ghabhail os làimh stèidhichte air dàta ri fhaighinn airson 2014 le eimisean carboin de 245 tunnaichean de CO₂ gu h-iomlan. Tha 93% de na h-eimiseanan seo co-cheangailte gu tur ri na togalaichean. Chaith dreach Siostam Rianachd Àrainneachdail ùr ullachadh agus thathar ga leasachadh aig an àm a tha an làthair le sùil ri bhith a' stèidheachadh plana lùghdachaidh fior agus adhartach thar nam beagan bhiadhnaichean air

thoiseach. Mun àm a bhios am plana seo an sàs gu cunbalach suas gu deireadh an t-Samhraidh am-bliadhna, nuair a bhios e comasach gnìomhan lùghdachaidh an cuir an cèill, thathar a' moladh targaid de 5% a shuidheachadh airson 2015. Le frèam-obrach farsaing de leasachaidhean thathar an dùil targaid àrd-amasach de 10% a chuir an sàs airson 2016. 'S e frèam-obrach airson gnìomhan leantainneach agus airson a bhith a' togail mothachadh aig gach ire obrachaidd a th' anns an t-Siostam Rianachd Àrainneachdail. Tha e an urra ris an Sgioba Àrd-stiùiridh a bhith a' dèanamh cirnteach gu bheilear a' cumail ris an t-Siostam Rianachd Àrainneachdail agus ri planaichean gnìomh leantainneach.

Tha an Sgioba Àrd-stiùiridh gu cunbalach a' faighinn aithisgean air cùisean HR agus Slàinte agus

Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus aithisg air a chur chun Bhùird.

being refined with a view to formulating a real and progressive reduction plan over the next few years. By the time the plan is fully operational towards late summer this year when actions for reductions can be implemented, it is proposed to set a 5% target for 2015. With an extensive framework of improvements it is proposed to have an ambitious target of 10% for 2016. The Environmental Management System is a framework for continuous action and raising awareness on all operational levels. The Senior Management Team is responsible for ensuring compliance with the Environmental Management Plan and ongoing action plans.

The Senior Management Team receives regular reports on HR and Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

Bha ruigse seachdaineach am measg sluagh na Gàidhlig aig

73%

BBC ALBA Scotland-wide weekly reach:

16%

Aithrisean Ionmhasail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2015

Tha uallach air Buill airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu tèid an aithisg bhliadhnaile agus na cunntasan an ullachadh. Tha Buill den bheachd gu bheil an aithisg bhliadhnaile agus cunntasan, gu h-iomlan, fior agus cothromach agus furasta an tuigsinn agus a' toirt fiosrachadh iomchaidh do luchd-ùidhe gus measadh a dhèanamh air suidheachadh ionmhais, dèanadas, modail obrachaideh agus ro-innleachd na buidhne.

Tha ro-innleachd obrachaideh na buidhne a' sùileachadh gun tig fàs air a bhith a' cosg air susbaint airson BBC ALBA, an t-seanail telebhisean Gàidhlig air a ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC, gus a dhèanamh comasach fàs às-chur àrdachadh bho 1.7 uairean a thìde gach là de nuadh-phrògraman gu

3 uairean a thìde gach là thairis air na 3 bliadhna a th' air thoiseach, mar a bhios sinn a' co-obrachadh le buidhnean poblach eile gus leasachadh agus àrdachadh a thoirt air na meadhanan Gàidhlig. Tha ro-innleachd na buidhne a thaobh a bhith ag ullachadh agus a' gleidheadh luach, gu sònraichte tro ar co-bhanntachd leis a' BhBC agus fòcas a thaobh a bhith a' frithealadh luchd-amhairc aig an aon àm, a' cruthachadh bhuannachdan càinair, cultarail, sòisealta agus eacanomaigeach air an cuir an cèill tron aithisg bhliadhnaile air fad.

Tha MG ALBA, agus BBC ALBA, an eisimeil maoineachadh poblach, air fhaighinn sa chìad dol a-mach bho Riaghaltas na h-Alba agus DCMS a thaobh MG ALBA agus cis a' chead craolaidh a thaobh a' BhBC. Tha misneachd aig Buill gun lean agus gu meudach an taic-airgid a tha a' tighinn

bho Riaghaltas na RA agus Riaghaltas na h-Alba, gu ire 's gum bi e comasach na raoin-ùghdarrais reachdail agus dleastanasan ionmhasail an coileanadh an uair a bhios iad rim páigheadh. An dèidh sgrùdaidhean cunbalach agus sgrùdail a dhèanamh air na cunnartan a dh'haodadh a bhith aig a' bhuidhinn, agus gu h-àraidh air sgrùdadh a dhèanamh air cumhan MG ALBA a thaobh dealais ionmhasail fad-ùine gu 2017 an aghaidh sùileachaidhean a thaobh ionmhais, tha am Bòrd riaraichte gu bheil e na chompanaidh a tha ann an suidheachadh mairsinneach.

Financial statements for the year to 31 March 2015

The Members are responsible for ensuring the preparation of the annual report and accounts. The Members consider that the annual report and accounts, taken as a whole, are fair, balanced and understandable and provides the information necessary for stakeholders to assess the organisation's financial position, performance, business model and strategy.


The organisation's business strategy envisages that spending on content for BBC ALBA, the Gaelic television channel operated in partnership with the BBC, will grow so as to enable a growth in output from 1.7 hours per day of originations to 3 hours per day over the next 3 years as we work together with other public organisations to

develop and increase Gaelic language media. The organisation's strategy for generating and preserving value principally through partnership with the BBC and focus on serving audiences while creating language, cultural, social and economic benefits are set out throughout the annual report.

MG ALBA, and BBC ALBA, are dependent on public funding, drawn primarily from the Scottish Government and DCMS in relation to MG ALBA and the Licence fee in relation to the BBC. Members have confidence that the UK and Scottish Governments will continue and enhance MG ALBA's funding, sufficient to enable the organisation to meet its statutory remit and its financial obligations as they fall due. Having carried out regular and robust reviews of the risks facing the organisation, and in particular having reviewed the terms of MG ALBA's long term financial

commitments to 2017 as against funding expectations, the Board of MG ALBA is satisfied that the organisation remains a going concern.

"'Torcuil's guide to being a Gael'. Thanks to all concerned with the hilarious programme. I now live abroad and it was a joy to hear Gaelic and be entertained by the inimitable Torcuil."



37



38

37. Torcuil's Guide to being a Gael (The Woven Thread)

38. Air an Rathad (Eyeline Media)

39. Sgeulachd John Hartson (Avanti Media)

40. Sàr Sgeòil: Lewis Trilogy (Caledonia TV)

41. Balaich na h-Airde (Sorbier Prods.)


42. Gun Sgot? (Sealladh TV)



39



40



41



42



Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig ag obrachadh mar MG ALBA

Cunntasan na Blìadhna a Dhùin 31 Màrt 2015

Gaelic Media Service operating as MG ALBA

Accounts for the Year Ended 31 March 2015

- 56** Aithris air dleastanasan a' Bhùird

Statement of the Board's responsibilities

- 58** Aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeilich

Report of the independent auditor

- 60** Cunntas teachd-a-steach & caiteachais

Income & expenditure account

- 61** Duilleag cothromachaидh

Balance sheet

- 62** Aithris sruth-airgid

Cash flow statement

- 63** Notaichean ris na cunntasan

Notes to the accounts



Aithris air dileastanasan a' bhùird

Statement of the board's responsibilities

Tha uallach air a' Bhòrd Aithisg Bhliadhnaile agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rioghachd Aonaichte (Cleachdadh Cunntasachd Aontaichte Gu Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte)

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riatanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullaichadh a bheir sealladh fior agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha riatanas air a' Bhòrd a bhith:

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd freagarrach agus gan cur an gnìomh gu cunbalach;
- a' dèanamh bħreithean agus thuairmsean a tha reusanta agus seaghach;
- ag aithris a bheil inbhean cunntasachd iomchaidh air an leantainn, fo umhail do dh'atharrachadh cudromach sam bith a th' air fhoillseachadh 's a mhìneachadh sna cunntasan; agus
- ag ullachadh nan cunntasan mar ghnothach a tha a' dol fhathast mura bheil e mì-ionchaidh measadh gun lean an t-Seirbheis oirre a' gnìomhachadh.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and United Kingdom Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice).

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Seirbheis and of the results of the Seirbheis for that period. In preparing these accounts, the Board is required to:

- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and estimates that are reasonable and prudent;
- state whether applicable accounting standards have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the accounts;
- prepare the accounts on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Seirbheis will continue in operation.



Tha uallach air buill a' Bhùird clàraighean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ère mhath de chinnteachd aig àm sam bith cor ionmhasail na Seirbheise, nì a bheir comas dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd so-mhaoin na Seirbheise a dhòn agus ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus eòlas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaидh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

